

Film goirid le Hannah Currie

# Ag Obair gu Diofraichte



Bidh mion-atharrachaidhean gus an t-àite-obrach film is telebhisein agad a dhèanamh nas niùro-eugsamhla ag obair a chum leas a h-uile duine.



SCREEN SCOTLAND  
SGRÌN ALBA

BECTU  
VISION

Air a cho-rioeddachadh le The Portal Studios agus Blazing Griffin Pictures,  
air a choimiseanadh le Sgrìn Alba le taic bho BECTU Vision.

# Fastadh

**Lean modh-obrach foirmeil airson fastadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd ann agus gus inntríeadh do chothroman a leudachadh**

- Sanasaich dreuchdan, a' mineachadh gu soilleir uallaichean na dreuchd agus an gnàth-eòlas a tha a dhith.
- Nuair a thathar a' fastadh airson dreuchd ùr, mìnich gu soilleir dè bhios an lùib na dreuchd agus dè thathar an dùil aiste. Faodaidh tu ceangal a dhèanamh ris, no atharrachadh a dhèanamh air, a' phròfil iomchaidh airson dreuchdan obrach a rinneadh le ScreenSkills.
- Beachdaich air a' chomas a bhith a' gabhail ri diofar dhòighean-obrach agus ri sùbailteachd a thaobh cleachdaidhean is uairean obrach.
- Cuir ann beagan bhriathran a tha gu h-aon-chiallach a' brosnachadh thagraidean bho dhaoine a tha niùro-eugsamhail / aig a bheil cùl-raon ciorraim.
- A thaobh cur a-steach thagraidhean, beachdaich air leigeil le tagraichean a chur a-steach le bhidio no clàradh claisneach.

## Dèan agallamhan nas so-ruigisinnich le bhith a' dèiligeadh riutha cùis air chùis

- Cuir fios chun nan tagraichean uile air cruth an agallaimh, dè cho fad's a mhaires e agus, ma ghabhas e dèanamh, tabhainn dhaibh gum faodar oir-loidhne de na ceistean a chur thuca ro-làimh.
- Tabhainn diofar chruthan conaltraidh airson an agallaimh. Mar eisimpleir: aghaidh-ri-aghaidh, air-loidhne no air an fòn.
- Dèan agallamhan ann an àite sàmhach far nach tarraingear aire air falbh.
- Ma thathar a' fastadh le fòn gun mhodh-obrach foirmeil airson agallamh, dèan soilleir cò thu, dè an t-adhbhar a tha thu a' fònaigeadh, agus am fiosrachadh cudromach airson na dreuchd a thathar a' tairgse. An uair sin cuir post-dealain thuca, ag ath-aithris a h-uile càil ann an sgrìobhadh, a' gabhail a-steach fiosrachadh cudromach, àiteachan, ùine, reat pàighidh, msaa.

## 'S iad na sgiobaidean eadar-mheasgte an fheadhainn as fheàrr

- Beachdaich air buannachdan is neartan thagraichean niùro-eugsamhail, agus na sgilean a dh'haodadh iad toirt don sgioba agad.

## Toirt air bòrd

### Faighnich mu fheumalachdan cothruim

- Cuir ceistean cothruim san fhoirm töiseachaidh mar phàirt den phròiseas airson daoine a thoirt air bòrd agus trèanadh-inntrigidh. Ma thathar a' faighneachd den h-uile duine dè na feumalachdan, riatanasan is roghainnean cothruim aca, bithear a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' faireachdann cofhurtail, le taic agus air an comasachadh air coileanadh don ire as fheàrr aca.

### Nuar a tha cosnaiche a' töiseachadh, dèan iad eòlach air an àite-obrach is àrainneachd

- Dèan cinnteach gu bheil aig a' bhall ùr san sgioba agad na h-innealan, luchd-aithne agus comhair a tha a dhith gus an obair aca a choileanadh gu soirbheachail.
- Cuir iad an aithne air priomh luchd-obrach agus air goireasan, a' gabhail a-steach slighean a-mach ri linn teine agus taighean-beaga. Leig fios dhaibh mu ullachaidhean còmhdail (ma tha seo iomchaidh), agus riatanasan aodaich sam bith.
- Comharraich àite sàmhach leithid far-sheòmar, air falbh bho obair, a ghabhas cleachdadh airson stad ma tha a dhith air.
- Dèan cinnteach gu bheil ball ùr an sgioba eòlach air cò ris am bu chòir dhaibh aithriseadh bho latha a h-aon. Far an gabh a dhèanamh, thoir dhaibh uallaichean air an socrachadh gu soilleir airson na dreuchd aca, ach dèan cinnteach gu bheil iad mothachail a bheil feum ann air ire de shùbailteachd.

- Bi soilleir gu bheil thu fogsait do cheistean sam bith a dh'haodas a bhith aca, no leig fios dhaibh cò leis a bu chòir dhaibh a' chùis a dhèiligeadh (me, an stiùiriche fo-roinne aca, am manaidsear aca, msaa)

## Conaltradh

### Cleachd conaltradh ion-ghabhalach le bhith a' toirt òrdughan gu soilleir agus le bhith a' dearbhadh an deach an tuigsinn

- Cùm fios ris an sgioba agad gu cunbalach. Direach mar nach faighear, a thaobh cor niùro-eugsamhail sam bith, aon fhuasgladh air iomadh ceist, faodaidh feumalachdan neach niùro-eugsamhail a bhith a' coimhead diofraichte bho latha gu latha. Faighnich dhaibh mar a tha e a' dol dhaibh, dè na h-innealan a b' urrainn dhaibh cleachdadh, agus dè an stiùireadh no cobhair a tha a dhith orra.
- Stèidhich poileasaidh gu bheil an doras agad daonna fogsait, le àrainneachd far a bheil an sgioba agad a' faireachdann cofhurtail gus gnàthachaidhean reusanta iarraidh.
- Ann am puist-dealain, bris suas an teacsa ann am paragrafan so-leughte agus soilleirich loidhnicean-ama is cinn-ama cudromach.
- Ann an sgrìobhainnean, cleachd cruth-clò sans-serif, 12 puing aig a' char as lugha, le iomsgaradh gu leòr eadar cùl-raon agus teacsa – mar a tha seo!

### Tòisich air Obair gu Diofraichte gun dàil an-diugh

- Is dòcha gu bheil thu mar-thà ag obair le tàlant niùro-eugsamhail, a bharrachd air daoine le raon de dh'fheumalachdan cothruim. Na feith gus am feum cuideigin an cor aca fhoillseachadh dhut – cùm fios ris an sgioba agad agus faic mar as fheàrr a b' urrainn dhut an cuideachadh a bhith a' soirbheachadh.

# Ag Obair gu Diofraichte

**Bidh mion-atharrachaidhean gus an t-àite-obrach film is telebhisein agad a dhèanamh nas niùro-eugsamhla ag obair a chum leas a h-uile duine.**

Faic am fiolm agus barrachd fiosracha dhaidh aig



'S e co-obrachadh a th' ann an Ag Obair gu Diofraichte eadar The Portal Studios agus Blazing Griffin Pictures, air a choimiseanadh le SgrÌn Alba le taic bho BECTU Vision.



SCREEN SCOTLAND  
SGRÌN ALBA



BECTU  
VISION